1. Corintianach 1 23-4.

"Crìosd air a cheusadh – cumhachd Dhé, agus gliocas Dhé."

Bha Pòl gu mòr air a mhealladh leis a thuras dhòn Àthne – prìomh bhaile na Greige. Bha déidh gu leòir aige air tachairt ri feallsanaich a bhaile sin, ach cha do shoirbhich ro-mhath leis ri linn dha tachairt riutha.

Agus a chionn mar a chaidh dha nâm measg, cha robh fhuireach fada. Bha e diombach dheth fhéin airson an ìuine a chuir e seachad nan ~~measg~~ cuideachd.

Agus rinn e suas inntinn air ball, gum bitheadh cuspair a sgeòil, as leth an t-Soisgeil, an déidh sin, suidhichte, gu leir, air Crìosd, agus esan air a cheusadh.

Cha bu ghnothach furasda e daoine a cho-éigneachadh, ann an Corarna

sam bith, aig an àm gu iùidh a ghabhail na èisdeachd ~~a thoirt dè~~ do sgeul a chroinn-cheusaidh. Airson na cuid sin dheth, tha an duilgheadas ceudna follaiseach am measg cuid de dhaoine fhathast.

Ach co-dhiubh, air dha an Athne fhagail, chuir Pòl aghaidh, gun dàil, air baile Chorint – baile cho ain-diadhaidh 's a bha fo'n ghrèin 's an aimsir ud. Bha 'mhisneach agus a thapadh stéidhichte air Dia.

'Tha mi toirt fios dhuibh a bhraithrean," ars' e fhéin, "an Soisgeul a shearmonaicheadh leamsa, nach ann a rèir duine a fhuair mi 'e – ni mò a theagaisgeadh dhomh e, ach tre fhoillseachadh Iosa Criosd. Agus cha robh m' fhacal agus mo shearmonachadh ann am briathran milis gliocas dhaoine, ach ann an làn-dearbhadh an Spioraid agus a chumhachd – chum gum biodh 'ur creideamh-sa, chan ann an gliocas,

dhaoine
ach ann an cumhachd Dhé".

Bha dearbh-bheachd aige "gun robh rùn Dhé; a bha follaichte o thùs air a dheanamh aithnichte agus follaiseach troimh chrann-ceusaidh Iosa Criosd".

Shoirbhich leis gu h-iongantach ann an Corint-ni a bha na dhearbhadh air cumhachd an t-Soisgéil chum daoine aig am donadas, a thionndadh 'o dhorchadas gu solus; 'o chumhachd shàtain gu Dià.

Tha an Soisgeul ag ciallachadh Chriòsd agus a theachdaireachd. "Oir annsan bha uil-iomlanachd na diadhachd a gabhail comhnuidh gu corporra".

Faodar a bhith cinnteach nach ann air thuiteamas a chuir Dià a Mhac uaith, agus faodar a bhith cinnteach, aig an àm cheudna, nach robh e comasach dha a chlann-easumhail fhireanachadh air dhòigh eile.

Ghabh Crìosd air a ghuaillaibh fhéin uil-
-uireasbhuidh ar n-easumhlachd, agus
doilgheas ar seachrain. Ghlac e, mar gu
beadh, an cinne-daonna gu leir na'fhearsa
iomlan fhéin, agus fhuair gach osna a
dh'eireas o chridhe luaineach an duine
freagairt ann an doimhne a cho-fhearach-
-aidh, agus ann am fulangas a ghràidh.
Crìosd air a cheusadh - co riàmh a dhìrich
gu mullach an eòlais na'thomhais meud
na dìomhaireachd a tha fillte 'san sgeul
àghmhor seo?
Sibhse aig a bheil suilean a chì, na
cridhe a thuigeas, thugaibh fainear
Mac Dhé 'gabhail rathad-mor an t-Soisgeil
air sgàth pheacach.
Ann an seilbh air cumhachd gun tomhas,
na uachdaran air fhéin, agus air a
'chruinne-ce gu léir - dhaindeoin gach
deuchainn a bha fuaighte ri 'thuras

chuir e air, gu gaisgeil, a dh' ionnsaigh a bheul-tàdhail a chuireadh roimhe. "Shaltair e an t-amar-fìona na aonar, agus do na sloigh cha robh a h-aon maille ris". Agus ar leam nach robh e, uair air bith, cho flathail 'sa bha e, air dha 'bhith na sheasamh fa chomhair a luchd-casaid.

"Shàraicheadh e agus rinneadh aineart air - gidheadh, cha d' fhosgail e a bheul. Thugadh e mar uan chum a chasgraidh, agus mar chaora a bhios balbh air lathair a luchd-lomairt - mar sin cha d' fhosgail e a bheul."

Thigeachdaibh, a chàirdean, suilean 'ur macmeannmna, agus feuchaibh e an crochadh air a chrann. Eisdibh ri 'osna chràitich a throm-fhulangais - a chridhe air impis sgàineadh le tàmailt agus bròn a shuidheachaidh.

Crìosd air a cheusadh – neach a mheas e fhéin a bhith co-ionnan ris an Athair – air a dhìmeas agus air a chuir air chùl le daoine – air a dhìteadh mar chiontach, agus air a chuir gu bàs – eadhon, bàs a chroinn-cheusaidh, le foill agus foirneart – am burrainn do ghràdh sìorruidh an còrra dheanamh na 'fhulang?

Ach cha robh Dia ri bhith air a thionndadh bho rùn suidhichte le aineolas na olcas dhaoine.

Mar sin tha e ro-iomchuidh beatha Chrìosd bho bhreith gus na thogadh suas e gu deas-laimh Dhé – fhaicinn 'san aon sgàthan. Cluinnibh Pòl air a phuing shonraichte sin – "Gun tugadh Dia athair ar Tighearnas Iosa Crìosd – Athair na glòire, spiorad glìocais agus foillseachaidh dhuibh ann an eòlas airsan – sùilean 'ur n-inntinn a bhi air an soillseachadh

chum fios a bhi agaibh ciod e dòchas a ghairme-san, ach ciod e saoibhreas glòire oighreachd-san anns na naoimh. Agus ciod e ro-mheud a chumhachd do ar taobh-ne a tha creidsinn a reir oibreachadh a threun neart, a dh'oibrich e ann an Crìosd, an uair a thog e o na mairbh e, agus a chuir e 'na shuidhe e air a dheas-laimh fhéin e, anns na h-ionadan neamhaidh".

Crìosd air a cheusadh - Crìosd am fulang - am fìrean an àite an neo-fhìrean - sin cuspair leis am miann, na naoimh air neamh a bhith meòrachadh air, le ìoghnadh, le uaill, agus le gàirdeachas.

Iadsan a tha deu bheachd gun téid aca air gnothach a dheanamh ri Crìosd an uair a thogras iad, agus mar a thogras iad, thugadh iad fainear na chaidh ~~Crìosd~~ e roimhe, agus gun b'éigin a chorp a bhith air a bhrisdeadh

air an sgàth.
Mar as fhaide an dàil 'san as lugha
'chàil chum fasgadh a chroinn-cheusaidh
a shireadh na meas iomchuidh a chuir ~~air~~
Faodaidh an duine iomadh euchd a
dheanamh, agus buaidh a thoirt ann an
iomadh càs; ach maitheanas peacaidh, agus
saorsa anama - buinnidh sin do Dhia, a
rinn, na mhòr throcair, tre a Mhac Iosa
Criosd, ullachadh freagarrach chum
maith siorruidh gach neach a chreideas.
Do bhrigh sin, is i saor-thiodhlac Dhé -
beatha shiorruidh a gheibhear gu
fialaidh o laimh fhialaidh a Mhic.
Rinn Dia na dh'fhaodadh air ar son,
agus tha e soilleir gur h-i 'dheagh thoil, na
h-uile a bhith beo dha ~~fhein~~ ann an
daimh agus earbsa cloinne.
A nis tha tagradh Chriosd, mar
Mhac Dhé, agus mar Mhac an duine,

ré 'bhith air a chuir an céill, agus air a dhearbhadh tre umhlachd aon-fhillte do'n Athair. B'e sin suaicheantas àraidh a bheatha, agus an rùn, tre 'na bhuadhaich e, agus leis na chrìochnaich e an obair a ghabh e os laimh.

San spiorad cheudna is i a chòir agus a dhlighe umhlachd aon-fhillte fhaotainn o gach neach leis an àill a chàirdeas agus a chaidreamh a mhealtuinn. Bleasaidh agus ghéibh e urram agus dùrachd 'nan n-uile 'ghabh a chuing-san orra.

Oir àdsan a ghabh a chuing orra, chan uallach leotha àitheantean a choimhead, 'na spéis iomchuidh a thoirt do reachd.

Ach saor agus mar a tha tiodhlaic Dhé, cha roghnaich i mar a chuid fhéin ach esan a chì a luach, agus a thuigeas

'fheum orra tre sholus eòlais a chroinn-cheusaidh.

Is sàmhach an obair i-dol a dholaing agus leigeil le anam crìonadh as. Ach nach mòr am beud gun faodadh an leithid sin tachairt: an uair a tha pailteas aig Crìosd agus e cho fialaidh uime. ullamh chum a roinn oirnn. Crìosd — cumhachd Dhé agus gliocas Dhé; ach ged is e, ma tha cuid de'n bheachd-rud a tha, gun dean iad an gnothach, math gu leòr, as aonais — cha bhith iùidh aca 'na' leigheas, na iarraidh air a chobhair.

Tha cuid de'n bheachd gur daorsa, agus nach e saorsa tha ri fhaotainn fo stiùradh Chrìosd: tha amharus aca gun faodadh ceangaltas a ghràidh an teannachadh tuilleadh 'sa chòir. Tha saorsa' co-sheasamh 'than ann

a 'bhith deanamh mar a thogras sinn,
ach mar bu chòir dhuinn.
Cha robh a h-aon riamh a bha cho saor
ri Iosa Criosd - gidheadh b'e rùn suidhichte
a bheatha - toil an Athar, a chuir uaith e,
a dheanamh. "Na bi mo thoilsa, ach do
thoilsa guin robh deanta".
Iadsan, ma ta, nach 'eil aonchuid, fuar
na teth, iadsan nach 'eil ach meagh-bhlàth dà
thaobh, thugadh iad fainear a rabhadh.
"Ge b'e neach leis an àill teachd ann am
dhéidh-sa, àicheadh e e fhéin, agus togadh
e a' chrann-ceusaidh, agus leanadh e
Mise."
"Oir ge b'e neach leis an àill anam fhéin
a ghleidheadh caillidh e e, ach ge b'e
neach a chailleas anam air mo shonsa
agus air son an t-Soisgeil - gleidhidh
esan e."
"Thiodhlaiceadh dhuibhse," arsa Pòl, mar

gun bi sin prìomh-shochair a Chrìosdaidh - "airson Chrìosd," chan e 'mhàin creidsinn ann, ach mar an ceudna fulang air a ~~sgàth~~, shon."
Crìosd, air a cheusadh - cumhachd agus ghliocas Dhé - agus a chionn gur h-e - tha fuasgladh gach ceist agus rèiteachadh gach cùis ri 'm faotainn ann an luib a theachdaireachd.
Agus tha pailteas gràis air a thasgadh ann an saibhlean Dhé; agus le ùghdarras agus air barantas Chrìosd, tha cuireadh aig gach neach teachd agus tarruing ~~asda~~ a réir an creideamh.
Nach mairg a bhiodh uireasbheach bochd an uair a tha saoibhreas do-rannsachadh ~~[illegible]~~ Chrìosd an asgaidh 'na thairgse.
Uime sin, nach tigeadh e dhuinn uile a radh le uaill agus gairdeachas, mar a thuirt Pòl - "tha mi uasal a Soisgeul Chrìosd, oir is e cumhachd Dhé e chum slàinte do gach neach a chreideas."